

Comataidh Lèirsinn
25/11/25, 1430-1700
Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair); Rhoda NicDhòmhnaill; Dàibhidh Byrne;
Catriona Mhoireach; Iain Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] - (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (9/9/25) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas - molaichte le Rhoda NicDhòmhnaill agus daingnichte le Dàibhidh Byrne.

3.2 GAE – cha robh gin.

4. Riaghladh

4.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh agus chaidh deasbad a chumail.

4.2 Le stèidheachadh Chomataidh Thuarastal, tha Rùn agus Dleastanas na Comataidh a' lùghdachadh le bhith a' gluasad dleastanas airson poileasaidh pàighidh chun chomataidh eile.

4.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche.

4.4 Bha pàipear cuideachd air beulaibh bhall a bha a' mìneachadh rùn agus dleastanas na Comataidh, le fòcas air na prìomh eileamaidean seo:

- leantainneachd;
- cruth-atharrachadh;
- meadhanan didseatach; agus

- ro-innleachd dhaoine.

- 4.5 Bha am pàipear a’ moladh fòrmat Deas-bhòrd (Dashboard) airson amasan a chur an cèill mu choinneimh nam prìomh eileamaidean sin, agus airson adhartas a thomhas ann an dòigh ro-innleachdail. Bhiodh seo a’ freagairt air am faireachdainn a bha aig buill gu robh e an-dràsta duilich tomhas a dhèanamh air adhartas le na nithean as cudromaiche a bha fa chomhair na Comataidh.
- 4.6 Chaidh a chomharrachadh gu robh e deatamach gun cumar an Lèirsinn fa chomhair fad na tìde.
- 4.7 Thuirt LMA gu bheileas dha-rìribh ag obair gu ruige a bhith a’ coileanadh nan cùisean seo ach gu robh leasachadh a dhìth na ar dòigh aithris far a bheileas a’ taobhadh cùisean obrachaidh gu aithris airson a’ Bhùird.
- 4.8 Bha ceist aig buill a thaobh bheil a’ Chomataidh uidheamaichte, a thaobh sàr-eòlas nam ball, airson nan cuspairean sin a stiùireadh, air neo am biodh e iomchaidh trèanadh a chur air dòigh. Thuirt DC agus JM, ged a bhiodh e feumail ma tha na sgilean seo aig buill, nach eil e riatanach gur e sàr-eòlaichean cuspair a tha anns gach ball.
- 4.9 Chaidh a ràdh gu bheil e riatanach gum bi buill soilleir mu amasan ro-innleachdach agus slatan-tomhais, agus gu bheil iad sin an urra ri oifigearan a choileanadh.
- 4.10 Chaidh deasbad a chumail a thaobh an t-atharrachadh luath a tha a’ tachairt ann an saoghal nam meadhanan didseatach agus an dùbhlán a tha romhpa airson a bhith a’ cumail suas ri tuigse. Bha deasbad ann a thaobh am biodh comhairle sònraichte don bhòrd feumail ann a bhith gan cuideachadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air a’ phrìomhachas obrach seo. Anns a’ chiad dol a-mach, rannsaichidh luchd-obrach roghainnean airson seisean trèanaidh sònraichte le buill a’ Bhùird air treandaichean, luchd-amhairc, conaltradh is eile nam meadhanan didseatach.
- 4.11 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 4.12 **Gnìomh:** 1) thèid beachdachadh air trèanadh mar aig 4.10 agus 2) thig dashboard chun na h-ath choinneimh. (DC)

5. Sùil air faire

a) Cruinneachadh 2025 – “Às Ùr”

- 5.1 Bha gearr-chunntas bhon Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh agus aithisg bhon chompanaidh lìbhrigidh air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Thuirt LMA gur e co-labhairt shoibheachail, fheumail a bh’ ann le deagh fios air ais a’ tighinn bho dhaoine a bha an làthair. Thathas air brannd agus stoidhle soirbheachail a tha ag obair

airson an luchd-amhairc a chur ri chèile agus dh'fhaodadh obrachadh le com-pàirtichean airson *host* agus sponsair, gus an dol an sàs a mheudachadh a' dol air adhart.

- 5.3 Sheall Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle na Gàidhealtachd ùidh san co-labhairt a bhith air a chumail sna roinnean acasan.
- 5.4 Tha an Àrd-Riochdaire Didseatach agus an Coimiseanair Didseatach a' toirt chùisean air adhart le cuid a bha an làthair. Chaidh innse gu bheileas ag obair air gairm airson cùisean didseatach a chur a-mach, ag amas air leithid a bha an làthair aig a' cho-labhairt seach companaidhean. Bidh plana airson trèanadh agus taic mar phàirt den gairm.
- 5.5 Bidh sgioba coimiseanaidh is ionnsachaidh didseatach MG ALBA ag obair leis an Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh gus plana air adhart a leasachadh airson Às Ùr.
- 5.6 Thèid cuireadh a thoirt do riochdairean a tha air ùidh a nochdadh ann a bhith an làthair aig tachartas neo-fhoirmeil aig PQ agus ann an Steòrnabhagh san Fhaoilleach.
- 5.7 Chaidh meal-a-naidheachd a chur air LMA airson tachartas cho soirbheachail a chur air dòigh.
- 5.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.

b) Sùil air Fàire – cuspairean airson 2025/26

- 5.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 5.10 **Gnìomh:** thèid deitichean aontachadh aig coinneamh a' Bhùird airson ceithir seiseanan tron bhliadhna agus thèid iad an cuir an sàs, le cuimhne dha chumail air 4.11 [\(MAMI\)](#)

6. Luchd-ùidhe

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na diofar raointean conaltraidh san robhas an sàs.
- 6.2 Bha aithne ann gum bi Ministear na Gàidhlig ag atharrachadh agus gum bi obair ri dhèanamh ann a bhith a' togail dhàimhean le as bith cò aig a bhios uallach airson na Gàidhlig.
- 6.3 Tha Rùnaire na Stàite airson Alba airson coinneachadh tràth ann an 2026.
- 6.4 Chaidh sgrìobhadh agus coinneachadh ri Ian Moireach, a' cur an argamaid a thaobh a' mhi-chothromach eadar airgead airson BBC ALBA seach airson S4C.
- 6.5 Thèid cumail a' dol a' bruidhinn ri gach pàrtaidh agus thèid an tuilleadh mìneachadh a thoirt seachad aig coinneamh a' Bhùird.
- 6.6 Tha obair a' leantainn gus obraichean bàn a lìonadh, le dòchas gum bi cuid a' dol a-mach gu sanasachd ro dheireadh na bliadhna.
- 6.7 **Co-dhùnadh:** ghabh buill faineir agus thug a' Chomataidh taing do Chathraiche a' Bhùird agus oifigearan airson an cuid oidhirpean.

- 6.8 **Gnìomh:** thèid cuireadh a thoirt do Ian Moireach a thighinn gu an ath choinneamh Bùird no gu dìnnear an oidhche roimhe. (MAMI)

7. Co-ionannachd, Iomadachd & In-ghabhail

- 7.1 Chaidh innse gu bheil prìomh ghnìomhan plana EDI air an cur a-steach do Monday.com agus gu bheil, bho chaidh na pàipearan an sgrìobhadh, dashboard deiseil airson na Comataidh.
- 7.2 San eadar-ama, chaidh mìneachadh do bhuill na Comataidh na bh' air tachairt sa chairteal mu dheireadh, nam measg a bhith a' gabhail ri stiùir an EBU air Neurodiversity.
- 7.3 'S iad na h-ath phrìomhachasan 1) gum bi manaidsear-loidhne agus stiùirichean a' gabhail ri na prionnsabalan seo sna 1:1s le luchd-obrach, a' clàradh nithean sam bith agus 2) gu bheileas a' leudachadh mar a thathas a' làimhseachadh fastadh.
- 7.4 Thuirt aona bhall gu bheil EDI cho cudromach ann an iomadach dòigh, an dà chuid airson maith dhaoine ach cuideachd airson dearbhadh bhon taobh a-muigh.
- 7.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 7.6 **Gnìomh:** thèid an dashboard a chuirteachadh air buill na Comataidh. (LMA)

8. Comharran soirbheachais

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh air OKRan agus KPIan.
- 8.2 Thuirt DC gu robh LearnGaelic agus SpeakGaelic a' cur gu mòr ri ruigsè nam meadhanan Gàidhlig, gu h-àraid le aois 16-44.
- 8.3 Bha cuideachd pàipear air beulaibh na Comataidh le moladh gun tèid obair dealbhachaidh agus comhairleachaidh a dhèanamh air Lèirsinn 2030 ro Samhradh 2026 agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.4 Chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh ùine a chur gu taobh airson am Bòrd slàn a thighinn còmhla gus an Lèirsinn ùr a dheasbad.
- 8.5 Chaidh deasbad a chumail mu bhith a' coimhead ri dòighean eadar-dhealaichte a thaobh modailean solarachaidh/riochdachaidh, rud a bhiodh bunaiteach ann an còmhraidhean sam bith a thaobh Lèirsinn ùr.
- 8.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 8.7 **Gnìomh:** 1) thèid seisean ro-innleachd leis a' Bhòrd a chur air dòigh san Fhaoilleach gus an Lèirsinn ùr a dheasbad; 2) thèid beachdachadh air an obair seo a dhèanamh ann an co-bhonn ri fo-bhuidheann air ùrachadh cairt a' BhBC; 3) thèid loidhne no dhà a chur ann am pàipearan Bùird an Dùbhlachd le mìneachadh san eadar-ama, cuide ri fiosrachadh às ùr air càite a bheileas le Aonta Fàs agus taic airson na roinne. (DC)

9. Plana luchd-obrach agus plana leantainneach

9.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh air cumadh an luchd-obrach, dreuchdan bàna agus dreuchdan riatanach eile.

9.2 **Co-dhùnadh**: thèid àm smaoineachaidh agus beachdachaidh a thoirt don Àrd-sgioba Gnìomh a thaobh dè tha a dhìth, a thaobh leantainneach agus feumalachdan airson an Lèirsinn ùr.

9.3 **Gnìomh**: bidh seo mar phàirt de choinneamh shònraichte a' Bhùird san Fhaoilleach airson a' Phlana Obrachaidh. ([MAMI](#))

10. GISBE

Cha robh gin.

11. Deit na h-ath choinneimh – tbc

Ainm sgrìobhte a' chathraiche: